LCelt
C3914
Ceilidh books; leabhraichean nan
Ceilidh
No.23.

elt
914

Celt
3914

THE CEILIDH BOOKS.
LEABHRAICHEAN NAN CEILIDH
AIREAMH 23

FEAR A'
HRATAIN UAINE

SEANN SGEUL

LE

I. F. CAIMBEUL 'IAIN OG ILE'

A' PHRIS, TRI SGILLINNEAN. 3d.

432070
26.1.45

LASDAIR MAC LABHRUINN AGUS A MHIC,
360-2 SRAID EARRAGHAIDHEAL,
GLASCHO.

FEAR A'BHRATAIN UAINE.

BHA o chionn tiom fhada ann an tìr fad as, Rìgh agus Banrighinn, agus bha mac aca. Dh' eug a'Bhanrighinn, agus fhuair an Rìgh muime chìche airson a mhic, agus dh' altruim i e. An ceann beagan bhliadhnachan, smaointich an Rìgh air pòsadh a rithisd, agus chuir e mac na ceud Bhanrighinn comhla ri càirdean eile a bh' aige, gus a bhi air a thogail leò, agus a mhuime-chìche a ghabhail cùraim dheth.

Phòs an Rìgh bean eile, agus bha mac aice, agus bha i ro mhordhalach uime, agus an uair a bha e suas agus a thàinig e gu ionad ionnsachadh 'fhaotainn, fhuair iad fear gu ionnsachadh da mar bu chòir da am bogha shaighead 'oibreachadh agus claidheamh-arachd, agus mar a chuireadh e saighdearan ann an òrdugh, agus bha a'Bhanrighinn ro thoileach mar a bha a mac a'tighinn air aghaidh.

Ach bha an Rìgh anns a'bheinn-sheilg latha, agus bha a'Bhanrighinn ag amharc air cho math 's a bha a mac air a'bhogha shaighead, agus thàinig Cailleach nan Cearc an rathad, agus thuirt i ris a' Bhanrighinn, " Ge mòr an obair a tha ort le d' mhac, chan e a gheabh an rìoghachd 'na dhéidh sin uile ; tha mac eile aig an Rìgh ged nach 'eil fhios agad air ; agus is e esan a gheabh an rìoghachd," agus dh' fharraid a'Bhanrighinn, " An robh an Rìgh pòsda, mu'n d'fhuair e mise ? " agus fhreagair

Cailleach nan Cearc—" Bha, agus mac aige." Dh' fharraid a'Bhanrighinn " Càite am bheil e ? " agus deir Cailleach nan Cearc,

" Ach airson làn na cuinneige duibh de shugh na bracha agus bonnach eòrna, chan innis mi sin duit." Theann a'Bhanrighinn mu'n cuairt, agus dh'fhalbh i a stigh do'n tigh, agus chaidh i a luigh. An uair a thàinig an Rìgh dachaidh as a'bheinn-sheilg, bha a'Bhanrighinn gu tinn teth, 'na luigh air an leabaidh, agus thàinig an Rìgh far an robh i, agus dh'fharraid e dhi, gu de bha oirre, ach cha duirt i diog. Thuirt an Rìgh—" Innis domh, agus ma tha ni air bith a's urrainn domhsa a dheanamh air do shon, ni mi e."

" Tha aon achanaich agam r'a iarraidh ort, a' Rìgh, agus is math leam a fhaotainn uait."—" Gheabh thu sin."

" Tha mac eile agad-sa : ach cha d'innis thu domhsa mu a thimchioll, agus bu mhath leam 'fhaicinn." Cha robh an Rìgh ro thoilichte, ach o'n a gheall e cha b'urrainn da i 'dhiultadh. Chaidh fios a chur air, agus thàinig e, agus an uair a chunnaic a'Bhanrighinn e, thaitinn e rithe gu ro mhath : ach an uair a fhuair ise do'n tigh e, dh' iarr i gu'n cuireadh e a làmh ri còir na rìoghachd gur e a mac-sa a gheabhadh a bhi 'na oighre, agus bha a athair cuideachd 'ga iarraidh air, ach dh'iarr e beagan laithean gu smaointeachadh air. Fhuair e sin.

Chaidh e far an robh athair a mhuime-chìche, o'n a bha e 'na Sheanaghal Eòlach, agus dh' iarr e comhairle air, agus thuirt an Seanaghal ris, " Ma bheir thusa seachad do chòir is urrainn daibh do

chur as an rìoghachd, agus mur dean thu sin, chan'eil fhios nach marbh iad thu, agus is e mo chomhairle dhuit, thu fhéin a dh'fhàgail na rìoghachd, agus thu a dhol a dh' iarraidh an fhortain rathad eile, gus gu'm faigh thu fios bàs t'athar, air neò do bhràthar agus an sin, is ùrrainn duit an rìoghachd agairt no a leigeil dhìot, mar a shanntaicheas tu." Cha tug e suas a chòir, ach dh'fhalbh e a dh' iarraidh an fhortain.

Thug e leis gille agus bogha-shaighead agus dorlach, agus dh'fhalbh iad. Thàinig sneachd trom air, là a bha'n sin. Thilg Mac an Rìgh fitheach, agus an uair a chunnaic e e 'na luigh a'sìleadh fala air an t-sneachd, thug e bòid, a'bhean a bhitheadh aige-san gu'm bitheadh a falt cho dubh ri iteagan an fhithich agus a gruaidhean cho dearg ris an fhuil a bha a'tighinn as, agus a craicionn cho geal ris an t-sneachd a bha air an làr.

An ceann time, chinn airgiod Mac an Rìgh gann, agus b'eigin da a ghille a leigeil uaidh, agus falbh leis fhéin. Là a bha'n siod, chunnaic e féin fear agus brat uaine air, a'tighinn as a dhéidh fada air ais. Ach ge b'fhad air ais, cha b'fhada gus an robh e air aghart, agus thuirt e ris, " An gabh thu gille ? " Thuirt Mac an Rìgh, " Cha ghabh, cha do rinn mi ach an gille a bh'agam a chur bhuam." " Nan gabhadh tu mise, bhithinn cho math ri'm rum." " Cha ghabh, chan'eil cumail gille agam." " Chan iarr mise mar dhuais ach darna leth [de] na sholaireas mi fhéin." " Nach iarr ? " " Chan iarr," arsa Fear a'Bhratain Uaine. " Ma tha, tha thu caoimhneil," agus dh'fhalbh iad comhla.

An uair a bha an oidhche a'tighinn, thuirt Mac an Rìgh ri Fear a' Bhratain Uaine, " An saoil thusa càite am bi sinn a nochd ? " Thuirt Fear a' Bhratain Uaine, " Na bitheadh eagal ort." Chunnaic iad solus crìon fad air astar, ach ge b'fhada uatha e, cha b'fhada dhaibh-san 'ga ruigheachd. An uair a ràinig Fear a'Bhratain Uaine an dorus, chomhdaich e e fheín gu buileach leis a'bhratan uaine, agus an uair a chomhdaicheadh e gu buileach, chan fhaiceadh iad-san e, agus chaidh e a stigh. Bha an sin na poiteachan air sìor ghoil, agus na coireachan air sàr ghoil, agus bonnaich 'gan tionndadh air greidil, agus biorain a'tionndadh leò fhéin.

Thàinig e a mach, agus thuirt e ri Mac an Rìgh, " Gheabh sinn aoidheachd an so," agus bhuail iad aig an dorus, agus thàinig nighean bhreagha a mach, agus bha a craicionn cho geal ris an t-sneachd, ach bha a falt bàn, agus a gruaidhean bàn, ach bha i ro bhreagh ; agus dh' iarr i a stigh iad. Chaidh iad a stigh, agus fhuair iad oidhche an sin gu subhach, agus an ath là, an uair a bha Mac an Rìgh agus Fear a'Bhratain Uaine leò fhéin, thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Nach fialaidh muinntir an tighe so ! " Agus thuirt Mac an Rìgh, " Seadh, tha mi airson an nighean bhreagha ud 'iarraidh airson bean." " Chan i siod an té mu'n do bhòidich thu."

Air dhaibh tràth eile 'fhaighinn, ghabh iad an cead de mhuinntir an tighe, agus dh'fhalbh iad air an slighe. Agus an uair a bha an oidhche a'tighinn, thuirt Mac an Rìgh ri Fear a'Bhratain Uaine, " Càite am bi sinn a nochd ? " " Na bitheadh eagal ort ; gheabh na h-eòin fhéin àite tàimh, agus gheabh

sinne àite cuideachd." Air dhaibh gabhail air an aghaidh, chunnaic iad solus, etc., agus is e a bha an sin tigh mòr a bha aig duine a bha an àrd inbhe. Chomhdaich Fear a'Bhratain Uaine e fhéin leis a'bhratan uaine, agus chaidh e a stigh, agus an uair a thuig e gu de an seòrsa sluaigh iad, thàinig e a mach agus thuirt e ri Mac an Rìgh, " Gheabh sinn a bhi an so a nochd." Bhuail iad aig an dorus, agus chaidh a fhosgladh, agus thàinig nighean bhreagh a mach a chur fàilte orra, agus 'gan iarraidh a stigh, agus bha a craicionn cho geal ris an t-sneachda, agus a gruaidhean cho dearg ris an fhuil, agus a falt bàn. Chaidh iad a stigh leatha, agus bha an sin na poiteachan air sìor ghoil, 's na coireachan air sàr ghoil, bonnaich 'gan tionndadh air greidil, agus biorain a'cur char diubh lèo fhéin, agus fhuair iad an deagh ghabhail aca an sin ; 's an uair a chaidh iad a luigh, thuirt Fear a'Bhratain Uaine ri Mac an Rìgh gu'm b'e iad so sliochd rìgh an tìr fad as, agus thuirt Mac an Rìgh gu'n robh a mhiann air an nighinn bhreagha ud a bhi aige air son mnaoi :—" Chan e sin an té mu'n tug thu na bòidean fhathasd," thubhairt Fear a'Bhratain Uaine.

An ath là, fhuair iad deagh bhiadhtachd, agus dh'fhalbh iad air an slighe, agus an uair a bha an oidhche a'tighinn, deir Mac an Rìgh, " Càite am bi sinn a nochd ? " agus thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " O ! a'chailleach ! is ann ort a tha an eagal roimh an àite tha air thoiseach oirnn," agus ghabh iad air an aghaidh, agus an ceanna ghreis, chunnaic iad solus crìon ann an coillidh, 's e fada uatha, ach ge b'fhada uatha, cha b'fhada dhaibhsan 'ga ruigheachd.

An uair a ràinig iad e, bhuail iad aig an dorus, agus is e famhair mòr a dh' fhosgail an dorus agus thuirt e riutha, " An tàinig sibh, a'dhaoine ? " agus thuirt iad-san, " Thàinig." Agus thuirt esan, " Cha robh 'san fhaisneachd ach sibh. Thigibh, agus gu'n leig mi 'fhaicinn duibh càite am bheil sibh gu dol." Chaidh iad leis [a mach as an tigh] agus sheòl e iad a dh' ionnsuidh àite far an robh solus mòr greise uapa. Thug e oidhche mhaith leò, agus chuir iad-san air an aghaidh, agus an uair a bha iad-san teann air an àite, choinnich Cailleach nan Cearc iad, agus thuirt i, " An tàinig sibh, a'shuiridhchean ? Cha robh 'san fhaisneachd ach sibh ; tha dìreach dà stob anns a'chladh r'an lìonadh, agus is iad na cinn agaibhse a lìonas iad."

" Cha mhath do sgeul," arsa Fear a'Bhratain Uaine.

" Tha siod 'san fhaisneachd," arsa ise ; " bha fichead stob anns a'chladh r'an lìonadh, agus tha ochd deug ann, agus an uair a bhitheas an dà cheann agaibh-se ann, bidh an sin an fhichead ann," agus thionndaidh i a cùl riu, 's dh' fhàg i iad, agus chaidh iad-san air an aghaidh, agus ràinig iad an tigh mòr, agus bhuail iad air an dorus, agus chaidh a fhosgladh, agus thàinig nighean bhreagh a mach, agus bha a falt cho dubh ris an fhitheach, agus a gruaidhean cho dearg ris an fhuil, agus a' chuid eile de a craicionn cho geal ris an t-sneachd, agus i ro bhreagha : agus chuir i failt orra gu suilbhearra, agus dh' iarr i a stigh iad, agus bha an sin, poiteachan a'sìor ghoil, agus coireachan a' sàr ghoil, 's bonnaich 'gan tionndadh air greidil, 's biorain a' cur dhiubh fhéin nan car,

agus fhuair iad an deagh bhiadhtachd an sin. Chaidh an cur a luigh 'san aon seòmar, ach leapa an t-aon aca, agus thuirt Mac an Rìgh ri Fear a'Bhratain Uaine, " Is e an nighean ud, an té mu'n do bhòidich mi i bhi agam airson bean." Agus thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Ma bhitheas tu tapaidh, is i."

An ath latha, an uair a dh' éirich iad 'sa 'mhaduinn chaidh iad a mach a ghabhail sràid, agus chaidh nighean an duine mhòir leò a chumail conaltraidh riutha, agus dh' fhàg Fear a'Bhratain Uaine Mac an Rìgh agus an cailin breagh gu bhi a'cainnt eadar iad fhéin. Dh'iarr Mac an Rìgh i airson bean, agus thill iad a stigh do'n tigh mhòr a dheanamh a' chumhnanta, agus dh' innis i da, a h-uile fear a dh' iarradh ise gu'm feumadh iad a ceud tri achanaidhean a dh'iarradh i, 'fhaotainn di, air neò, gu'n rachadh na cinn a chur dhiubh, agus an cur air na stuib a bha gun lìonadh 'sa 'chladh, gu'n robh ochd-deug ann a cheana, 's nam bitheadh na cinn aca-san ann, gu'm bitheadh fichead ann.

Aig an oidhche, an uair a bha iad aig am biadh, leig i fhaicinn daibh an spàin a bh' aice aig a suipeir. Thuirt i riu, " Mur bi an spàin so a th' agam-sa [agaibhse] aig mo thràth maduinn na màireach, is e na cinn agaibh a thèid a chur air na stuib anns a' chladh." Agus deir Fear a'Bhratain Uaine,

" An toir thu dhuinn i r'a gléidheadh ? " " Cha toir, no do dhuine bhuineadh do ur daoine."

" Agus an innis thu dhuinn c'àite an cuir thu i ? " " Chan innis no do dhuine bhuineas do ur daoine." Agus thuirt Fear a'Bhratain Uaine,

" Is duilich dhuinn a faotainn mur bi fios againn

càite am bi i, no càite an téid sinn 'ga h-iarraidh." Thuirt ise, " Faiceadh sibhse da sin."

An uair a chaidh an cur a luigh, bha leapaidh aig gach aon aca dhaibh fhéin. Chuir Fear a'Bhratain Uaine toll tora troimh a'chlàraidh, 's gu'm faiceadh e gu de bhitheadh Mòr a'deanamh (b'e Mòr a h-ainm) 's chunnaic e i 'ga sgeadachadh fhéin gu breagha, agus an spàin làimh rithe, agus chuir esan a bhratan uaine air, agus chaidh e, 's sheas e aig cùl an doruis, is, an uair a bha ise deas, chaidh i a mach, agus Fear a'Bhratain Uaine aig a culaobh. Fhuair i an fhalaire, agus leum i air a druim ; leum esan air a culaobh, 's an uair a b'àirde esan, a b'isle ise, is an uair a b'isle esan, a b'àirde ise, agus an fhalaire 'na leum-ruith gus an do ràinig iad tigh an fhamhair. Thàinig ise a nuas, agus chaidh i a stigh, is thàinig esan a nuas 's chaidh e a stigh, 's sheas e aig cùl an doruis. Thuirt am famhair rithe—

" An do ràinig na daoine ud thu ? "

Thuirt ise, " Ràinig."

Thuirt esan, " Gu de an fhàilte chuir iad ort ? An do chuir iad an gnothuch an céill ? "

" Chuir," ars ise ; " is e an ceud achanaich a chuir mi mu'n coinnimh, iad a dh' fhaotainn na spàine so domhsa, 'sa 'mhaduinn am màireach." Thug i do'n fhamhair i, agus [thuirt i], " Gléidh dhomhsa i." Thuirt am famhair, " Cuiridh sinne anns a'chiste i, far am b' àbhaist di bhi."

Thàinig Fear a'Bhratain Uaine, agus sheas e ri taobh na ciste, agus thàinig iad-san cuideachd, agus dh'fhosgail iad brod na ciste, 's [an uair] a bha iad

a'tilgeil na spàine anns a'chist, thilg Fear a'Bhratain Uaine plathadh de'n bhratan uaine mu'n sùilean, sgioblaich e leis an spàin, agus dh'fhàg e strabh 'na àite, [agus 'na riochd], agus chaidh e a rithisd agus sheas e aig cùl an doruis gu'n robh ise deas gu falbh, agus an uair a phòg 's a chniodaich iad a chéile, dh'fhalbh ise gu dol dachaidh, agus chaidh Fear a'Bhratain Uaine a mach aig a culaobh, agus an uair a leum ise air an fhalaire, leum esan air a culaobh, 's an uair a b'àirde ise a b'isle esan, agus an uair a b'isle ise a b'àirde esan, gus an do ràinig iad an tigh mòr, agus chuir iad stad air an fhalaire, agus ghrad leum Fear a'Bhratain Uaine gu làr. An tim a bha ise a'toirt an fhalaire do'n fhear a bha 'freasdal di, chaidh Fear a'Bhratain Uaine a stigh do'n chearn far an robh a leabaidh fhéin agus leabaidh Mhic an Rìgh, bha Mac an Rìgh a'rubadh a bhoisean, agus a'suath-adh a dhorn, agus thuirt Fear a' Bhratain Uaine ris, " Gu de a tha ort, a'Mhic an Rìgh ? " agus thuirt Mac an Rìgh, " O ! nach 'eil gu'n téid ar marbhadh a màireach chun nach urrainn duinn an spàin 'fhao-tuinn ? " Thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Tha an spàin agamsa." " Am bheil ? " " Tha," thuirt Fear a'Bhratain Uaine, agus thug e an spàin do Mhac an Rìgh. Thuirt e ri Mac an Rìgh e a leigeadh leatha mòran a ràdh mu'n tugadh e di an spàin.

An ath latha, dh'éirich ise air thòiseach orra-san, agus thuirt i riu, iad a dh' éirigh. Thuirt iad-san nach robh moran cabhaig ann : agus thuirt ise, iad a dh' éirigh agus gu'm faigheadh i a biadh a ghabhail, air neò gu'n rachadh na cinn a thoirt diubh ann an leapaidh. Dh' éirich iad agus chaidh iad do'n t-

seomar far an robh an clar bidh, agus dh' iarr ise an spàin 'fhaotuinn di. Thuirt Mac an Rìgh, " An tug thu dhuinn i ? " Thuirt ise, " Cha tug, no do dhuine bhuineas do 'r daoine." " Agus an d'innis thu dhuinn càite an do chuir thu seachad i, ma tha ? " arsa Mac an Rìgh. " Cha d'innis, no do dhuine a bhuineas do'r daoine," arsa ise. Agus thuirt Mac an Rìgh, " Nach duilich dhuinn a faotuinn, ma ta ! "

Agus thuirt ise, " A nuas an claidheamh nach d'fhàg fuigheall riamh a dh'aona bheum," agus thilg Mac an Rìgh an spàin air a'chlàr. Thog ise an spàin, agus sheall i uirre, agus chunnaic i gu'm b' i a spàin fhéin a bh'ann, agus a h-ainm uirre 's air fad, is ghabh i ioghnadh dheth. Agus an ath oidhche an uair a bha i aig a trath-feasgair, leig i 'fhaicinn daibh an sgian a bha aice aig a trath-feasgair agus thuirt i riu, " Faicibh an sgian so a tha agamsa aig mo thrath-feasgair a nochd ; mur faigh sibhse dhomhsa i gu bhi agam aig mo thràth maduinn na màireach, théid na cinn a chur dhibh, agus an cur air na stuib a tha 'sa 'chladh."

Thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Thoir thusa dhuinn i r' a glèidheadh air do shon." " Cha toir, no do dhuine bhuineas do'r daoine."

Chaidh an cur a luigh. Bha Fear a'Bhratain Uaine a'sealltuinn troimh an toll a chuir e 'sa chlàraidh, agus chunnaic e i 'ga sgeadachadh fhéin gu maiseach agus an sgian aice air ciste làimh rithe. Chuir esan am bratan uaine air, agus chaidh chun cùl an doruis, agus sheas an sin gus gu'n deach i a mach ; lean e i, gus an d'ràinig i far an robh a fear

freasdal leis an fhalaire, agus an uair a leum ise an àirde, leum esan air a culaobh, agus an uair a b' àirde esan, a b'isle ise, is an uair a b'isle esan a b'àirde ise, agus an fhalaire 'na leum-ruith, gus an d'ràinig iad tigh an fhamhair.

An uair a chuir i stad air an fhalaire, leum Fear a'Bhratain Uaine gu làr agus chaidh e a steach do thigh an fhamhair, agus sheas e aig cùl an doruis, agus chaidh ise a stigh do'n chearn far an robh am famhair, agus dh' fharraid am famhair di gu de mar a thàinig i air a h-aghaidh leis na daoine ud? Thuirt ise, " Thàinig gu'n tug thusa seachad daibh an spàin." " Cha tug; tha i fhathasd anns a'chiste far an d'fhàg sinne i." Chaidh iad, agus sheall iad, agus cha robh an sin ach srabh 'na h-àite, agus ghabh iad ioghnadh. Thuirt am famhair, " Cuiridh sinn na seachd glasan air an sgian a nochd." Ach an uair a bha iad a'cur na sgéine 'sa' chiste, thàinig Fear a'Bhratain Uaine agus thilg e platha[dh] de'n bhratan uaine mu'n sùilean, agus bheir e air an sgian eadar an lamhan agus a'chiste, agus thug e leis i fo'n bhratan uaine, agus chaidh e, agus sheas e aig cùl an doruis far an robh e roimhe.

An uair a phòg agus a chniodaich iad a chéile, thug Mòr beannachd leis an fhamhair, agus dh' fhalbh i gu dol dachaidh. Chaidh Fear a'Bhratain Uaine a mach aig a cùl, agus an uair a leum ise air a fàlaire, leum esan an àird aig a culaobh, agus chuir i an fhàlaire 'na leum-ruith agus an uair a b'àirde ise, b'isle Fear a'Bhratain Uaine, agus an uair a b'isle ise, b'àirde esan, gus an do ràinig iad an tigh mòr. An uair a chuir i stad air an fhàlaire, leum Fear

a'Bhratain Uaine gu làr, agus an tìm a bha ise a' toirt na fàlaire do a fear freasdail, chaidh esan a stigh far an robh a leapaidh fhéin, agus leapaidh Mhic an Rìgh, agus is ann a fhuair e Mac an Rìgh a'rubadh a bhoisean agus a'suathadh a dhorn. Thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Gu de tha ort, a'Mhic an Rìgh ? " " O ! tha, gu'n téid na cinn a chur dhinn a màireach, chun nach urrainn duinne an sgian 'fhaotuinn."

" Tha an sgian agam-sa."
" O ! am bheil ? is maith gu'n d'fhuair thu i."

Thug Fear a'Bhratain Uaine an sgian da agus fhuair Mac an Rìgh cadal an sin.

An ath latha, dh'éirich Mòr air thòiseach orra-san agus thuirt i riutha, iad a dh'éirigh. Thuirt iad-san, " Chan' eil mòran cabhaig oirnn." Thuirt ise iad a dh' éirigh an ceart-uair, agus gu'm faigh-eadh i a greim maduinn a ghabhail. Deir Mac an Rìgh, " Chan 'eil aobhar cabhaig ann."

Thuirt ise, mur éireadh iad, gu'n rachadh na cinn a chur dhiubh anns na leapaichean. Dh' éirich iad an sin, agus chaidh iad suas do'n chearn far an robh Mòr agus a h-athair. Dh' iarr i an sgian orra ; thuirt Mac an Rìgh, " An tug thu dhuinne an sgian r'a gléidheadh ? "

" Cha tug, no do dhuine a bhuineadh do ur daoine."

" An tug thu dhuinne fios càite an do chuir thu i ? "

" Cha tug, no do dhuine bhuineadh dhuibh."

" Nach cruaidh duilich dhuinne a faotainn, an ni nach [deach] earbsadh ruinne."

" Cuiribh a lathair an sgian, mu'n téid na cinn a thoirt dhibh : " agus ghlaodh i a nuas an claidheamh buaidh nach d'fhàg fuigheall riamh a dh' aona bheum, agus thilg Mac an Rìgh an sgian air a'chlàr bhidh. Thog Mòr an sgian, agus sheall i uirre, is b'e dìreach a sgian fhéin a bh'ann agus ghabh i moran ioghnaidh dheth.

An uair a thàinig an oidhche agus a bha i aig a trath-feasgair, thuirt i riu, " Is e a th' agaibh ri a fhaotainn domh 'sa' mhaduinn a maireach, am beul mu dheireadh a phògas mise a nochd, agus mur faigh sibh dhomh e, théid na cinn agaibh a chur dhibh, agus an cur air na stuib a tha gun lìonadh anns a' chladh."

Thuirt Fear a'Bhratain Uaine,

" Is an innis thu dhuinn cò e ?"

" Chan innis no do dhuine bhuineas do ur daoine."

" 'S nach duilich dhuinn a fhaotainn mur bi fios againn cò e ? "

" Faiceadh sibhse da sin."

An uair a chaidh Fear a'Bhratain Uaine agus Mac an Rìgh a luigh, sheall Fear a'Bhratain Uaine troimh an toll a bha 'sa 'chlàraidh, agus chunnaic e Mòr 'ga deanamh fhèin deas. Chaidh e, agus ghoid e leis an claidheamh buaidh, agus thug e leis e, agus chuir e a stigh e fo'n bhratan uaine, ach cha deach e aig culaobh Mòir an uair sin, air eagal 's gu'm faigheadh i a mach e, ach is ann a bha e a'caitheamh falacha[dh] talmhanda uirre.

Dh' fhalbh e, agus bha e aig tigh an fhamhair air thòiseach uirre, agus chaidh e agus sheas e aig cùl an doruis, mar a b'àbhaist da bhi. An uair a

thàinig ise, chuir i fhéin agus am famhair fàilte air a chéile, agus dh'fharraid am famhair di, gu de mar a thàinig i air a h-aghart leis na daoine ud: agus a deir ise ris an fhamhair, " Thàinig gu'n tug thusa daibh an sgian." " Cha tug; tha i fhathasd anns a'chiste far an d'fhàg sinn i."

" Chan' eil: bha i aca, agus thug iad domh i an diugh 'sa' mhaduinn." Agus deir am famhair, " Seallaidh sinn."

Sheall iad agus cha robh an sin ach srabh a bha ann an grunnd na ciste. Ghabh am famhair iongantas deth. Thachais e a cheann, agus thuirt e, " Gu de a chuir thu mu'n coinnimh r'a dheanamh a rithisd?"

" Chuir gu'm faigheadh iad dhomh-sa 'sa' mhaduinn am maireach am beul mu dheireadh a phògainn-sa a nochd." Thuirt am famhair, " Chan fhaigh iad sin," agus phòg e i, agus an uair a bha iad sgìth a'pògadh agus a 'cnìodachadh a chéile, dh'fhalbh ise gu dol dachaidh. Chaidh i a mach, agus leum i an àrd air an fhàlaire, agus chuir i an fhàlaire 'na deann-ruith dachaidh.

Agus [chaidh] am famhair gu taobh an teine gu gàradh chul-chas a dheanamh air fhéin mu'n rachadh e a luigh, agus thàinig am fear beag agus e comhdaichte le a bhratan uaine, gus gu'n robh e aig cùl an fhamhair, agus ghabh e an claidheamh buaidh agus bhuail e am famhair leis ann an cùl na h-amhaich, agus chuir e an ceann deth. Thug e leis e, agus rinn e suaibealadh ghlanaidh air, agus rug e air falt air a cheann anns an darna làimh agus an claidheamh 'san làimh eile; agus chaidh e a dh'

ionnsuidh an tigh mhòir leò, agus chaidh e a stigh far an robh a leapaidh fhéin, agus far an robh Mac an Rìgh 'na luigh. Thaisg e an ceann aig an fhamhair, agus chaidh e agus thaisg e an claidheamh buaidh far an d'fhuair e e, agus thill e far an robh a leabaidh agus chaidh e a luigh, agus chaidil e, agus bha Mac an Rìgh a'rubadh a bhoisean, is a'suathadh a dhornaibh, agus b'ioghnadh leis cho sunndach 's a bha am fear eile a'cadal.

An ath latha, dh' éirich Mòr, agus thàinig i far an robh iad 'nan luigh, agus bha an claidheamh buaidh aice ri a cruachan. Thuirt i riu, " Eiribh, éiribh."

Dh' éirich iad agus chaidh iad do'n t-seomar, agus bha ceann an fhamhair 'ga gléidheadh am falach fo'n bhratan uaine aig Fear a' Bhratain Uaine. Chuir Mòr an claidheamh buaidh air a'chlàr, agus thuirt i riu, " Faighibh dhomh-sa an so, am beul mu dheireadh a phòg mi an raoir." Chuir Fear a' Bhratain Uaine ceann an fhamhair air a'chlàr air muin a'chlaidheimh : agus thuirt a h-athair, " O ! an e sin am beul mu dheireadh a bha i a'pògadh ? " agus thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Is e sin fhéin am beul mu dheireadh a bha ise 'pògadh."

Thuirt a h-athair, " Ma tha, cha do shaoil mi fhéin gu'm pògadh mo nighean gu bràth a leithid sin de bheul."

Thuit ise 'na brag air a'bhòrd.

Thuirt Fear a'Bhratain Uaine ri Mac an Rìgh, " Tog do bhean : tha i gle choisinnda agad a nis." Thog Mac an Rìgh i, agus ghabh i gaol air an sin, chun a dh' fhuasgail e na h-achanaidhean di, agus

gu'n robh am famhair marbh. Is e am famhair a bha 'cur druidheachd uirre, gu'm bitheadh gaol aice air famhair, agus nach biodh air a h-aon air bith eile, o chionn gu'n robh mòran storais aig a h-athair, agus bha am famhair ro thoileach a faotainn agus storas a h-athar leatha: ach cha b'urrainn da a faotuinn gus gu'n rachadh an tòiseach fichead fear a mharbhadh air a son, agus na cinn aca a chur diubh agus an cur air na stuib a bha anns a'chladh. Chaidh ochd deug de dhaoine a mharbhadh, agus na cinn a chur diubh, agus an cur [air] na stuib a bha anns a'chladh. Agus nan rachadh na cinn aig Mac an Rìgh agus Fear a'Bhratain Uaine a chur ann, bhitheadh an f[h]ichead ann, ach bha Fear a'Bhratain Uaine tuilleadh's seòlta airson an fhamhair. Bha am famhair gus a faighinn ri a pòsadh an uair a rachadh na cinn aig Fear a'Bhratain Uaine agus Mac an Rìgh a chur air na stuib, agus is e an t-seòltachd aig an fhamhair a thug dhi a bhi ag iarraidh nan achanaidhean orra, 's gu'n rachadh na cinn a chur bhàrr nan daoine. Ach chaidh an ceann a chur dheth fhéin mu dheireadh. Bha a h-athair a' smaointeachadh gu'm b'e fear ann an inbhe ana-barrach àrd a bha i gu faotainn aig cho stallabharach 's a bha i: agus cha robh a h-athair idir toileach gu'n rachadh na daoine a bha 'taghal air a nighinn a chur gu bàs, ach chaidh siod a dheanamh gun fhios da. An uair a thuig e mar a bha, thug e duais do Fhear a'Bhratain Uaine airson e bhi cho tapaidh, agus bha e ro thoileach a nighean a bhi aig Mac an Rìgh, agus an ceann beagan laithean, chaidh am pòsadh a dheanamh, agus bha bainis aca a mhair ré seachduinn.

An uair a chaidh am pòsadh a chur seachad agus a bha gnothuichean an òrdugh, thuirt Fear a'Bhratain Uaine ri Mac an Rìgh, " Am bheil fios agad cò mi ? " Thuirt Mac an Rìgh nach robh. Thuirt Fear a'Bhratain Uaine, " Is mise [an] gille a chuir do mhuime-chìche as do dhéidh gu d' thoirt as na cunnartan anns an robh thu gu dol, ach a nis, chun a fhuair mi do thoirt ás gach cunnart, faodaidh mi nis a dhol dachaidh do'm dhùthaich fhéin."

Cha robh Mac an Rìgh toileach dealachadh ris, ach chan fhuireadh e. Thug Mac an Rìgh da le gean math beagan airgid. Ghabh Fear a'Bhratain Uaine a chead de Mhac an Rìgh agus d'a bhean nuadh phòsda, agus chaidh e dhachaidh d'a dhùthaich fhéin. An uair a ràinig e dachaidh, chaidh e far an robh an tè chuir air falbh e, agus dh' innis e di mar a thachair agus chuir i a dh' ionnsuidh an Rìgh, agus dh' innis i da gu'n d'fhuair i sgeul air a mhac a bhi ann an tìr eile, agus e pòsta air nighinn urramaich, agus mòran storais aice. Bha an Rìgh ro thoileach sgeul fhaotainn air a mhac, oir bha an Rìgh a'bristeadh a chridhe le duilichinn airson a mhic, oir bha am mac a b'òige air dol gu an-strogh air an rìoghachd. Bha a'Bhanrighinn air fàs caoin-shuarach mu'n Rìgh nam faigheadh i a mac féin ceart, agus bha an Rìgh ro thoileach nam faigheadh e a mhac a bu shine dachaidh. B' àill leis Fear a'Bhratain Uaine a chur air falbh 'ga iarraidh, ach dh'fharraid Fear a'Bhratain Uaine de a bhana-mhaighstir agus dh'iarr i air dol, agus chuir an Rìgh Fear a'Bhratain Uaine a dh' iarraidh a mhic a bu shine, agus nan tigeadh e dachaidh gu'm faigheadh e an rìoghachd, agus gu'n

cuireadh a athair an seilbh e, an uair a thigeadh e.

Dh'fhalbh Fear a'Bhratain Uaine dh'a iarraidh, agus an uair a ràinig e, thuirt e ris, " Thàinig mi le teachdaireachd do d'ionnsuidh, thu a dhol dachaidh, far am bheil t' athair, agus cuiridh e thu an seilbh anns an rìoghachd."

Rinn Mac an Rìgh agus a athair chéile suas mar a dheanadh iad, mur bitheadh gnothuichean mar a b'aìll leò an uair a ruigeadh e tigh a athar. Thug e beannachd le a athair-chéile, 's thug e leis a bhean, agus chaidh e do thìr a athar, a dh' fhaotainn seilbh 'san rìoghachd, agus an uair a ràinig e, rinn a athair gairdeachas mòr ri a mhac 'fhaicinn agus thaitinn bean a mhic ris an Rìgh gu ro mhaith, agus chuir an Rìgh a mhac an seilbh anns an rìoghachd : ach bha farmad mòr aig a mhuime agus a leth-bhràthair ris an Rìgh Òg, agus r'a mhnaoi. Bha iad a'los nam faigheadh iad dòigh air, cur as da.

Ach 'san tòiseach, is ann a dh'fhalbh am bràthair òg a dh' iarraidh an fhortain, ach cha deachaidh leis. Thàinig e air ais an ceann tri bliadhna, agus rinn a bhràthair ceannard airm deth.

Rinn e Fear a'Bhratain Uaine 'na fhear riaghlaidh ann an tigh an Rìgh.

Ach bha a mhuime toileach an Rìgh Òg a phuinnseanachadh, agus chuir i puinnsean ann am biadh an Rìgh. Ach bha coin aig Fear a'Bhratain Uaine, agus bha e 'feuchainn gach bidh ris na coin, agus fhuair e a mach i, agus chaidh a cur air fògradh do dhùthaich athair-chéile an Rìgh.

Bha eagal air Fear a'Bhratain Uaine roimh leth-bhràthair an Rìgh. Fhuair e toll a chur 'san

ùrlar anns an rathad a bha a dh' ionnsuidh leapaidh an Rìgh, agus dà bhrod air, a'carachadh air bannan 'san teis-mheadhon, agus an dithisd a' fosgladh le leathad ri chéile 'sa' mheadhon. Bha crann orra 'san latha 'gan glèidheadh dùinte agus aodach tharta.

Chuir e a leithid eile mu choinneamh a leapaidh fhéin.

Bha, le leth-bhràthair an Rìgh nam biodh an Rìgh marbh gu'm faigheadh e fhéin an rìoghachd, agus fhuair e fear eile leis, agus chaidh iad a mharbhadh an Rìgh, agus Fear a'Bhratain Uaine 'san oidhche. Ach thuit iad anns na tuill a bha air thòiseach orra, agus chaidh an glacadh an ath latha, agus an cur air fògradh do thìr athair-chéile an Rìgh, agus nan rachadh an cur na b' fhaide as, bu mhiosa dhaibh, agus nan tigeadh iad air ais, chan fhaigheadh iad a bhi beò.

A chrìoch aig an sgeul.

Some Useful Gaelic Books.

MacEachen's Gaelic-English Dictionary, a handy cheap Dictionary for scl
and ordinary purposes, containing over 11,000 words, cloth 2/6 nett, postage
The School Dictionary, compiled and edited by Malcolm MacFarlane, boa
2/6 nett, cloth 3/6 nett, postage 3d extra.
MacLeod and Dewar's Gaelic-English and English-Gaelic Dictiona
new edition, 1007 pages, 12/6 for 10/6 nett, postage 5d extra.
Macbain's Etymological Gaelic Dictionary, a new edition edited by Malc
MacFarlane, 12/6 nett, postage 5d extra.
Macdonald's New Gaelic-English Dictionary, illustrated, the most compl
Dictionary published, 3 vols., 42/- nett, postage 8d extra.
The Elements of Gaelic Grammar, by Cameron Gillies, an advanced text bo
3/6 nett, postage 3d extra.
Easy Gaelic Syntax, popularly treated for beginners, especially those w
approach Gaelic from the English point of view, by J. G. Mackay, 1
postage 2d extra.
Gaelic Reader, a selection of tales, useful as an Introduction to Gaelic literatu
1/-, postage 2d extra.
Companach na Cloinne, bright, entertaining, and instructive stories, suita
for beginners, 6d nett, cloth 1/-, postage 3d extra.
Guide to Gaelic Conversation and Pronunciation, by MacBean, suitable as
handbook for strangers in the Highlands, 1/6 nett, postage 2d extra.
Conversations in Gaelic and English, by Rev. D. MacInnes, with introduct
by Professor Blackie on the study of Gaelic, 1/- nett, postage 2d extra.
Handbook of Gaelic and English Phrases, with Pronunciations, by Ma
MacKellar, 6d nett, postage 1d extra.
Coinneamh Ghaidhlig, a small booklet containing helpful phrases for use
Gaelic Meetings, 3d, postage 1d extra.
Fionn ann an Tigh a' Bhlair Bhuidhe. The Gaelic original and the Engli
translation are so arranged into short paragraphs side by side on opposite pag
that there will be no difficulty to the learner in following the construction of t
Gaelic grammar, price 3d, post free 4d.
An Seann, Seann Sgeul. The Old, Old Story, translated into Gaelic
Dr. Clark, Kilmallie. The English and Gaelic versions are placed on oppos
pages It would make an admirable text-book for both church and scho
price 2d, post free 3d.
Seanchaidh na Traghad, Seanchaidh na h-Airidh, two books of stori
told in simple language, and useful for learners, 6d each, postage 2d each extr
Wizard's Gillie, and other tales, illustrated, an ideal home teacher, ea
entertaining, instructive. With this book in his hand the beginner can
sure of making rapid progress without the aid of a teacher. The Gaelic te
has an almost literal translation opposite. 2/6 nett, postage 4d extra.
The Tale of Deirdire, by Alexander Carmichael, in Gaelic and English, 3/6 ne
postage 3d extra.
Folk Tales and Fairy Lore, in Gaelic and English, by James MacDouga
a collection of over 60 tales, published 6/- nett, postage 5d extra.
Fairy Tales, Gaelic and English, with coloured illustrations, by W. M. Park
1/6, postage 4d extra.

These four books have the Gaelic originals and the corresponding Engli
translation on the opposite page, facing each other, so that the eye can see
a glance the construction of the Gaelic Text.

Folk and Hero Tales, collected by James Macdougall, in Gaelic with Engl
translation, 7/6 nett, postage 5d extra
The Fians, West Highland Traditions of Fionn and his Warriors, edited
Gaelic and translated by the Rev. J G. Campbell, 7/6 nett, postage 5d extra.
Our Complete Gaelic Catalogue, containing over 32 pages descriptive of Ga
books will be sent post free to any applicant without charge.

ALEXANDER MACLAREN & SONS, 360-362 Argyle Street, GLASGOW

University of Toronto Library

DO NOT
REMOVE
THE
CARD
FROM
THIS
POCKET

Acme Library Card Pocket
LOWE-MARTIN CO. LIMITED

432070

LCelt
C3914

Ceilidh books; leabhraichean nan Ceilidh.
No.23.

DATE.	NAME OF BORROWER.